

NAM BIODH MAP AGAINN...

IF WE HAD A MAP...

Leugh na h-earrannan agus an còmhradh a leanas. Innis dè na ràdhan a tha ceart agus ceartaich an fheadhainn a tha ceàrr.

Read the following passages and conversation. Say which statements are correct and correct those which are wrong.

Tha càraid phòsta à Sruighlea, Tormod agus Ina, agus an nighean aca, Norma 16, air an slighe leis a' chàr gu pòsadh ann an Dùn Èideann. Chan eil duine aca eòlach air Dùn Èideann, agus tha iad a' dol air chall. 'S ann ann an eaglais faisg air meadhan a' bhaile a tha am pòsadh gu bhith.

- Norma: Càit a bheil sinn a-nis?
 Tormod: Chan eil mi cinnteach.
 Ina: (*gu mì-fhoighidneach*) Tha e leth-uair an dèidh trì 's tha am pòsadh ann aig ceithir. Nam biomaid air Rathad Corstorphine a ghabhail, cha robh seo air tachairt.
 Tormod: Nam biomaid air map a thoirt leinn, a ghràidh, bhiodh fios againn càit a bheil sinn.
 Ina: Nam bithinn air smaoineachadh, bhithinn air map a thoirt leam, ach cha do smaoinich mise gum biodh feum againn air map.
 Norma: A Mhamaidh, a Dhadaidh, tha mise a' smaoineachadh gum biodh e na b' fheàrr a dhol air ais an rathad a thàinig sinn agus a dhol sìos Rathad Corstorphine.
 Ina: Tha mise cinnteach gum bitheadh.
 Tormod: Ma thogras sibh, thèid mi air ais agus thèid sinn sìos Rathad Corstorphine. Och, och! Bha dùil agamsa gum biodh e soirbh faighinn gu meadhan a' bhaile.
 Ina: Bha agus agam fhìn, ach tha sinn tràth gu leòr fhathast, tha mi an dòchas.

1. Cha robh Tormod cinnteach càit an robh iad.
2. Bha Ina cinnteach nach biodh iad air a dhol ceàrr, nam biodh iad air a dhol chun na làimhe deise.
3. Bha Tormod a' smaoineachadh gur e rud math a bhiodh ann, nam biodh iad air map a thoirt leatha.
4. Nam biodh Ina air smaoineachadh, cha bhiodh i air map a thoirt leatha.
5. Bha dùil aig Tormod nach biodh e soirbh faighinn gu meadhan a' bhaile.

Eadar-theangachadh: A married couple from Stirling, Norman and Ina, and their daughter Norma (16), are on their way by car to a wedding in Edinburgh. None of them know Edinburgh well, and they get lost. The wedding is to take place in a church near the city centre. **Norma:** Where are we now? **Norman:** I'm not sure. **Ina:** (impatiently) It's half past there and the wedding is at four. If we had taken Corstorphine Road, this wouldn't have happened. **Norman:** If we had taken a map with us, dear, we would know where we are. **Ina:** If I had thought, I would have taken a map, but I never thought we would need a map. **Norman:** Mum, Dad, I think it would be better to go back the way we came and to go down Corstorphine Road. **Ina:** I'm sure it would. **Norman:** If you want, I'll go back and we'll go down Corstorphine Road. Oh dear! I thought it would be easy to get to the town centre. **Ina:** So did I, but we're early enough yet, I hope.

Freagairtean: 1. ✓ Norman wasn't sure where they were. 2. ✗ Bha Ina cinnteach nach biodh iad air a dhol ceàrr, nam biodh iad air Rathad Corstorphine a ghabhail/Ina was sure they wouldn't have gone wrong, if they had taken Corstorphine Road. (wrong) 3. ✓ Norman thought it would be a good thing if they had taken a map with them. (right) 4. ✗ Nam biodh Ina air smaoineachadh, bhiodh i air map a thoirt leatha/If Ina had thought, she would have taken a map with her. (wrong) 5. ✗ Bha dùil aig Tormod gum biodh e soirbh faighinn gu meadhan a' bhaile/Norman thought it would be easy to get to the town centre. (wrong)